RB.S 2263

Digitized by the Internet Archive
in 2012 with funding from
National Library of Scotland

http://archive.org/details/daoranoirdheircd1781glas

ORAN CAISIOMACHD DO DH'ALBAINN,

ANN AGHAIDH AN

OLLA SHASGUNNAICH.

SONG OF ALARM TO SCOTLAND,

AGAINST THE

ENGLISH DOCTOR.

DA

O R A N
O I R D H E I R C,

DO'N

OLLA SHASGUNNACH;

AGUS

A O N O R A N

DO

MHINISDEIR LIOSMOIR,
Mr. DOMHNUL MACNEACAIL.

LE FIOR

GHAIDHEAL ALBANNACH.

Is fās a Chuil as nach Goirir.

GLAS-GHO. MDCCLXXXI.

SCOTLAND NATIONAL
LIBRARY
2003

O R A N

D O ' N

O L L A S H A S G U N N A C H,

S A M U E L J O H N S O N;

Eir fonn. 'Si laoidh mo chagair Mōrag, &c.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

TUIRIBH. CHORUS.

O moſgladh Mit a Ghāidheil,
A's nochdadh Mit gu lāetheil,
Do'n Fhocalair ro Strāiceil,
Nach fuigheal fochaid dh'ā Sinn.

The firſt Chorus: "Let us arouſe, O Highlanders, and ſhow daily to the haughty, imperious, or inſolent Lexicographer, that we ſhall not be the butt of his ridicule."

1 A' (*a*) Lunduinn thainig (*b*) Siar Oirn
(*c*) Fear-turais na droch Scialachd,
Neo-bhunailtach, gun Riaſan,
Mar (*d*) Ulabeiſt (*e*) Mi-chiallach;
'S e (*f*) fuileachdach gu (*g*) Riaſladh.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*a*) London.
(*b*) Weſt.
(*c*) Journaliſt, touriſt.
(*d*) Monſter.
(*e*) Mad.
(*f*) Sanguine.
(*g*) To tear aſunder.

2 Ach ma's Mac Iain fior thu
'S neo-dhlioghach thu re d' (*h*) Shinnſir,
'N uair rith thu a chur binn orr';
'S a ſhuidhich thu a' d' Inntin,
Gach Uithim a chum Miltich.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*h*) Anceſtors.

3 Cia mar fhuair thu dh' Aodunn,
Ceart bhualadh eir ar n (*i*) Aoireadh,
Le (*k*) Tuairiſgeul gun A'bhar,
'Sa (*l*) ghluaſad feadh an t ſaoghail,
Lan Uaibhreachais a' d' ſhaothair?
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*i*) To ſatirize
(*k*) *Sgeul-duaireachaidh, i. e.* Diſſuaſive tale, ſlander.
(*l*) To move, to circulate.

4 Bu tuile 's mōr an t eanchain
Dhuit, (*m*) ſōnas chur eir Albainn,
'S a liughad (*n*) Dōruinn (*o*) ghailbheach,

(*m*) To diſoblige, to vex; to put into a pet.
(*n*) Calamity.
(*o*) Terrible, boiſterous.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

(*a*) To cruſh or depreſs; to prevent the growth of a young perſon by extreme poverty or ſickneſs.

(*b*) Magnanimouſly.

A (*a*) chreōnadh lē' gu (*b*) Meamnach:
Faic Leabhraichean an t ſean'chais.
O moſgladh Mit feadh Albainn
A's Nochdadh mit gu Calma,
Do'n Fhocalair ro dhalma
Gu'm boicnich Sinn gu garbh e.*

(*c*) Sordid, nigardly.

(*d*) Luxury of the table, fondneſs of fat meats.

(*e*) Arrogance.

(*f*) Intruding.

(*g*) To go to; to repair to.

5 O n' bha thuſa (*c*) Dōlum,
Lan Muſaich agus (*d*) Rōice,
Bu ghuſaire gu Mōr leat,
Le (*e*) rucas bhi ga (*f*) t fhōirneadh;
Na (*g*) truſadh do'n Tigh-ōſta.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*h*) Impertinence, unmannerlineſs.

(*i*) Dinner.

(*k*) Cuſtom, tax. It is ſaid in burleſque, of a perſon that forns upon others, *Tha e togail Cis diubh.*

6 Nach b'e Aird (*h*) a Mhī-mhoidh
Dhuit, bhi to'irt Ghāſaid Scriobta,
Mu d' chāradh eir gach (*i*) Dīota,
'S tho'irt mar phaidheadh (*k*) Cīſe
Dhoibh, (*l*) Tair a's Nāir' a's (*m*) Mīchliu.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*l*) Contempt.

(*m*) Defamation, infamy.

(*n*) Immodeſty.

(*o*) Unchaſtity.

(*p*) Clemency.

7 Tha (*n*) Mi-mhodh riut co'fuaighte,
'S nach h innleachd dhuitſe fhuaſgladh;
A's (*o*) Mionos tiugh a' d' ghruaidhean,
A thī nach d' rug eir (*p*) Suairceas:
Tha 'n fhirinn dhuit ro fhuathach.
O moſgladh mit feadh Albainn, &c.

(*q*) Bad breeding, ill behaviour.

(*r*) Sarcaſm.

(*s*) Houſe, a dwelling-houſe.

(*t*) Cellar, pantry.

(*u*) Satisfied, full-bellied.

8 Tha (*q*) Droch-Oilein Spāirt ort,
'S cha deilich e gu brāth riut:
'S ge d' theirinn e cha (*r*) bhārdachd,
Gur trom an t eir' eir (*s*) fārdoich,
Do (*t*) Sheileir chumail (*u*) Sāghach.
O moſgladh mit feadh Albainn, &c.

(*x*) Varlet.

(*y*) Foppiſh.

(*z*) Coaſts, diſtricts.

(*a*) To treat, to entertain.

(*b*) To refuſe.

(*c*) Tables.

9 Thug thu Leaſan mōr dhuinn,
Na h uile (*x*) peaſan (*y*) ſpōrſail,
A thig an feaſt 'n ar (*z*) Corſaibh,
A (*a*) ſheiſeachd mar bu chōir dhoibh;
'S an (*b*) eiteach o ar (*c*) Bōrdaibh.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

---

* The words of the Chorus are changed occaſionally, as the verſe relates more immediately to Scotland all over, or to the Highlands alone. Thus: "Let us arouſe through Scotland, and ſtrenuouſly ſhew to the moſt contumacious Lexicographer, that we ſhall laſh, or beat him, ſeverely."

10 Fhuair thu ainm bhi (*a*) Ionnſaicht',
Eir (*b*) Canmhuinnin gach Prioñnſa,
Adh' fhalbh, 's na thann, O (*c*) thionnſgnadh;
Ach 's olc a dhearbh an ionnſaidh,
Thug thu eir Albainn, Dhuinn ſid.
O moſgladh mit ſeadh Albainn, &c.

11 Cad an fēum tha t fhōlum
'S nach ēighear Duine Cōir riut,
Gun ſpēiſh aig beag no Mōr dhiot;
Ach dēigh Aca Mar chōmhla,
Do chur do'n Eipht' eir (*d*) fōgradh.
O moſgladh mit ſeadh Alb. &c.

12 Shocraich thu mar Mīneach',
Eir (*e*) Focalair, a' d' Scrīobhadh,
(*f*) "Gur Duine bochd ro dhīblidh,
Neo-lochdach," is ceart bhrīdh dha':
Ach nochd thu nach tu fhīn ſid.
O moſgladh mit ſeadh Alb. &c.

13 Nach mōr tha ghabhail Cealgoir,
A' d' Stōruidh (*g*) labhar (*h*) chearbach?
Gach (*i*) Congnadh Rathaid, 's (*k*) tearmad,
A dhēonaich Maithibh Alb' dhuit,
(*l*) A ſprēodadh, 's (*m*) faigheil Cearb orr'.
O moſgladh mit ſeadh Alb. &c.

14 'S tric le Daoine (*n*) faoine,
Bhi 'n (*o*) drip mu ghnothach aotrom;
'S ma gheibh iad lide 's caoile
(*p*) Chuis mhīoſgoinn, eir aon taobh dhiubh;
Gu 'n (*q*) cuir iad ris na dh' fhaodas.
O moſgladh mit ſeadh Alb. &c.

15 Rinn thuſa ſuas do ſhean'chas,
Le (*r*) tuairiſgeul, a's (*ſ*) aim'ſgeachd,
Nach (*t*) luaigheadh Duine (*u*) geinmni:
Tha t (*x*) fhuarlanachd do dh' Albainn,
Eir cruaghachadh a' t ean'chainn.
O moſgladh mit ſeadh Alb. &c.

16 'S e do Thuras (*y*) Aimiliſc,
A bheir an (*z*) Dúnāidh (*a*) gharbh ort,
Bi'dh gach Duine ann Albainn,
Gu (*b*) guineach ann do (*c*) ſhealbhan;
A's cō is urrainn (*d*) teanachdas?
O moſgladh mit ſeadh Alb. &c.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

(*a*) Learned.
(*b*) Languages.
(*c*) Beginning.

(*d*) Baniſhment.

(*e*) *Focal-fhear, no fear-fhocal.* Lexicographer.
(*f*) A harmleſs drudge cannot be rendered otherwiſe here.

(*g*) Loquacious.
(*h*) Awkward, inconſiſtent.
(*i*) Aſſiſtance.
(*k*) Defence, protection.
(*l*) To cenſure or blackguard, to treat ſcurrilouſly.
(*m*) To cavil.
(*n*) Trifling, vain.
(*o*) Perplexity.
(*p*) A reprehenſible or blameable affair; or an affair cauſing indifference or a ſlight diſdain in the beholders.
(*q*) To exaggerate.
(*r*) Slander.
(*ſ*) Impurity.
(*t*) To mention.
(*u*) Chaſte—Moderate.
(*x*) Malignity.
(*y*) Confuſed.
(*z*) Infelicity—Affliction.
(*a*) Great. Grievous.
(*b*) Keen.
(*c*) Throat.
(*d*) To defend, to ſave from imminent danger.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

17 Chuala mi na (*a*) chōmhra'
Gu 'n d' fhuair thu O Righ Deōrſa,
Tuaraſdal re d' (*b*) bheo'laint':
Cha chual' e leath do (*c*) Dhō-bheairt,
No dh' (*d*) fhuadaich e thu 'n Olaint.
O moſgladh mit feadh Alb. &c.

(*a*) Converſation.

(*b*) Liferent.
(*c*) Vice.
(*d*) To baniſh, to chaſe away.

18 Cad an (*e*) tlachd no (*f*) chiatfa',
A bhio's 'n ar (*g*) beachd mu (*h*) Riaghāilt,
Na h (*i*) aitim ſin na (*k*) Diaghachd,
Thug (*l*) faſga dhuit fui' n ſciathan?
'S cuis mhaſlaidh ſid d'an Iarmads'.
O moſgladh mit feadh Alb. &c.

(*e*) Liking.
(*f*) Favourable opinion.
(*g*) Pointed thought, or conception.
(*h*) Regulation.
(*i*) Perſons, folk.
(*k*) Divinity.
(*l*) Shelter.

19 Tha mi ann an (*m*) imcheiſt,
Cad a (*n*) bharail chuimiſeach,
'S (*o*) airidh dhamh bhi 'g (*p*) iomachar,
Mu 'r Fearaibh; 'nuair a dh' fhuil'geadh
Iad, (*q*) anablas ſin t(*r*) uirighioll.
O moſgladh mit feadh Alb. &c.

(*m*) Anxiety.
(*n*) Suitable idea.
(*o*) Worthy, deſerving.
(*p*) To entertain.
(*q*) Inſipidity.
(*r*) Narration, oration.

20 Thug thū (*s*) Ionnſaidh (*t*) fhiadhaich,
Eir (*u*) Fionn a chur a' (*x*) miadh oirn,
Nochd ſid do dhiom a's (*y*) t iadach,
A's t ionnſachadh lan (*z*) iargain;
'S cha Chungaiſich thu (*a*) Iarmad.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*s*) Eſſay, attempt.
(*t*) Wild.
(*u*) Fingal.
(*x*) Regard, eſteem.
(*y*) Jealouſy.
(*z*) Sediment, dregs.
(*a*) Poſterity, offſpring.

21 Chi thu fein le d' ſhūilean,
Gu bheil a Ghāilig (*b*) ſūghar,
Gun fhāillin Deiſeachd (*c*) mūnaidh,
Gu lāidir, ſeaſach, ſiubhlach;
Ge d' (*d*) Chāin thus' i mar (*e*) fhionnſgeul.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*b*) Subſtantial.
(*c*) Inſtruction.

(*d*) To rail, revile.
(*e*) Fable.

22 Tha Ghāilig (*f*) Ri'teach, (*g*) lionmhor,
(*h*) So-thā na h uilt, 's ro (*i*) ſhiolar,
(*k*) Ro-thlā, (*l*) neo-thuïſleach, Cinteach:
Bu dāna dhuitſe diteadh,
'S gu brāth nach tuig thu h (*m*) iomhaigh.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*f*) Fluent.
(*g*) Copious.
(*h*) Eaſily connected.
(*i*) Generative.
(*k*) Soft, ſmooth, bland.
(*l*) Infallible, ſtable.
(*m*) Image, idiom.

23 'S e Leabhar Mhai'ſdir Dōmhnul,
Thug Rabhadh dhamh mu d' (*n*) Rōiſgeul;
Na 'm faighinn e na b' ōige
Cha mhathainn dhuit do (*o*) bhōilich
Gun (*p*) chathachadh ſan chōir riut.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*n*) Romantic tales.

(*o*) Bluſtering.
(*p*) To contend, to battle.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

24 Mac Neacail a' Gleannurchaidh,
(*a*) Bheachdaich ceart le (*b*) cuimis' ort,
'S e thug o t eachdraidh (*c*) bunchar,
Mar leaghas ſneachd' na (*d*) thuil-mhoim;
Le (*e*) leacontachd, gun (*f*) tulgadh
O moſgladh mit a Ghāḍheil, &c.

(*a*) To point, to remark.
(*b*) Exactneſs.
(*c*) Foundation.
(*d*) Inundation, torrent.
(*e*) Preciſion.
(*f*) Firm, unſhaken.

25 Dean aithreachas neo-chealgach,
Le caithris re math tanma,
A's aithris le balla-chrith,
Gu 'm b' airidh thu eir Damnadh;
Mu 'n tarruing e ro anmoch.
O moſgladh mit feadh Alb. &c.

26 Dean t aithri'-bheatha ſcriobhadh,
'S na bi' 'g a ghleathadh diomhair;
Bi h uile latha 'g inſeadh,
Nach b' aon (*g*) fhear-noigheachd fior thu:
A's ni ſinn fathaſt ſioth rïut.
O moſgladh mit feadh Alb. &c.

(*g*) Noveliſt, newsmonger.

27 Cha'n Aideachadh no (*h*) faoiſid,
Re ſagairt no Fear adhraidh,
A (*i*) chabaicheas ar faobhar,
No lagaicheas a chaonnag;
Ach aidmheil feadh an t faoghail.
O moſgladh mit feadh Alb. &c.

(*h*) Confeſſion.
(*i*) To blunt.

28 Labhradh mit le chēile,
Le farmad Co is (*k*) gēire,
San Charmaſg thug an (*l*) t ēiſg-fhear,
'S na dealcha' mit r'ar Reuſan,
Cha 'n (*m*) Arrghloir a ni fēum dhuinn.
O moſgladh mit feadh Alb. &c.

(*k*) Accuteſt.
(*l*) Satiriſt.
(*m*) Nonſenſical prattle, trifling loquacity.

29 So (*n*) Chaiſiomachd ro Ghrādhach,
Do Ghaiſgich-ſcriobhuidh Gāilig;
'S e M' (*o*) Athuinge gu brāth dhuibh,
Gu 'n taiſbein ſibh bhur (*p*) tābhachd,
Do 'n (*q*) Afcul a Rinn tair Oirn.
O moſgladh mit a Ghāidheil, &c.

(*n*) Alarm, *i.e. Caſiomachd, no Gluaſad le Cabhaig.*
(*o*) Entreaty or ſupplication.
(*p*) Valour.
(*q*) *Ablach* — The remains of a creature deſtroyed by the fox or eagle, &c. which is ſaid to perſons in contempt.

ORAN
CONNSACHAIDH
NO
RIASANACHAIDH
RIS AN
OLLA SHASGUNNACH.

RATIOCINATING
SONG
WITH THE
ENGLISH DOCTOR.

A Controverſial SONG, wherein is recited part of Doctor SAMUEL JOHNSON's calumny of the Highlanders; and the Highlandman's ANSWER, confuting the Doctor's charge; and imputing many more "ſavage and barbarous" actions to the Doctor's countrymen, than thoſe with which he has branded the Highlanders, &c.

O R A N

CONNSACHAIDH, &c.

Eir ſonn, Dainty Davie, as played upon the fiddle.

CHORUS. TUIRIBH.

Riaſanaiche mit a Chūis
Ris an Olla, thog an Alla,*
'S feacha' mit ann ſin Co-dhiū,
Gheibhir ann ſan eacoir.

1 'S Gach Cūis theid eir bhialabh brithe;
Eir tūs, 's 'ēadar ſcial na dithis,
A ſcrūdadh O fhreamh an Croidhe;
Man dlioghar an Rēiteach.
Riaſanaiche mit, &c.

The CHARGE.

2 Thog thu oirn an Scainnil Oilteil,
Gu bheil ſinn ain-eolach, boiſceil,
Mar Mhadaidh-alla nan Coiltean,
Bhios eir Scoim feadh Slēabha.
Riaſanaiche mit, &c.

---

* *Alla* here ſignifies Defamation, though in other caſes it means Fame. As, *Droch alla*, a bad report: *Deadh alla*, good report. Alſo wild, or not tame.

Tranſlation of ſome of the Gallic words.

3 Rud eile chanadh gu dearbh leat,
Gu bheil ſinn * An-fhioſrach, † All'mharr',
'S gach Eilein, Camus, a's Garbhlach;
'S barbarra, Michēillidh.
Riaſan. &c.

* Ignorant.
† Savage.

4 Athais a thilg thu 's i 's ‡ Neonaich,
Nach athach leinn bhi' gun Eolas
'S nach Moa tha ſinn ann tōir eir,
O'r n oige gu'n ēug ſinn.
Riaſan. &c.

‡ Strange.

5 Oſbārr, thu'irt thu ni 'smor * iūnadh,
Nach bheil grādh againn do dh' ionnſach',
'S nach pāirtich ſinn aon ni 's † fionn duinn,
No chluinn ſinn, re chēile.
Riaſan. &c.

* Curioſity.
† To know by experience.

6 Maraon, thu'irt thu, 'nuair a mhūthas
A h aon againn eir a Dhūthaich,
Nach radhnaich e ria tiūntadh,
Thaobh nach fiu a ‡ gnē leis.
Riaſan. &c.

‡ The native property.

7 Dh' airis thu le briotal bōilich,
Nach aithne dhuinn * Litir-fhōlum,
No Chann'ainn ann tric ar Cōmhradh,
Chuir ann Clō, no lēughadh.
Riaſan. &c.

* Literary learning.

8 Chuir thu † Sāradh ann ſna Fiantaibh,
Ag āicheadh nach rabh iad riabh ann,
'S gur ni dh' āraich ſinn an ſcialachd
Chum ar Miadh a ‡ Shēideadh.
Riaſan. &c.

† Oppoſition, obſtacle.
‡ To ſpread by report; to ſound the praiſe.

9 Thu'irt thu Mōran tuille mearachd,
Ach fōnaidh na rinn mi airis,
Abhōradh gach Cluais tha † Screamhail
San bheil ceineal ēiſteachd.
Riaſan. &c.

† Diſguſtful.

Reply.

10 Chuaidh tu mu Thuath eir droch Thuras,
Gabhail ort ſuaircis a's furain;
San cheart uair a bha thu guineach,
Thun ar fuil a * dhēabhadh.
Riaſan. &c.

* To drain, to dry up.

11 Ge d' tha ar n aineolas ainmeil,
Ann a d' ſclāmhruinn, ſhalaich, aimſgis',
Nam b'aithne dhuit Cāil ar ſeanchais,
Dhearbhadh e do bhrēug dhuit.
Riaſan. &c.

12 'S ioma Duine cōir 'n ar Dūthaich,
A chuireadh † Scleō eir do Shūilean,
Nan cluinneadh tu chōmhra'-dūrachd,
Eir chūiſibh na Clēire.
Riaſan. &c.

† *Glaucoma*, to cloud the ſight as after looking long at the ſun, &c.

13 Bheir iad ann Caint Cūntas Riochdail,
Eir gach Clann, a's co d'an Sliochd iad;
'S gach aon Dream ata 'n a'r Meaſg-ne:
'S nach fiofrachadh gēur ſin?
Riaſanaiche, &c.

14 'S ioma Fear-riomhach tha 'n Saſgunn,
Nach urrain innſe co as d'a,
No co ſhinnſearrachd chuaidh ſeachad,
Gu beachdail, tri * lēabhaidh.
Riaſan. &c.

* Generations.

15 Tha ſinn gu ſuithichte, ciallach;
Le lan bhuitheachas do'n Trianaid;
'S gun a liuthad cron 'g a dheanadh
'S tha meaſg Chiadan † Eaſaics.
Riaſan. &c.

† Eſſex.

16 Ge d' dh'fhalbhas mi eir ſeadh Albainn,
Gun Armachd, ann ſrath ſan Garbhlach;
Cha mharbh iad mi eir ſon M' airgid;
'S cha tairg iad mi-bhēus damh.
Riaſan. &c.

17 Feuch an d' ēirich ſin do ſhaſgunn?
Ma dh' fhēumas tu dol eir Aſtar,
Bio'dh an ‡ Clēireineach a' tachlais,
'S paithir Dhag 's gach ſgēath ort.
Riaſan. &c.

‡ Sword.

18 Cia lion latha thig ſa bhlia'nna,
Nach cluinn ſinn nuaigheachd le * iargain,
Eir millteachd Rathaid, 's luchd trialla,
'Niarmhain'ſteir, no'n Dēvon?
Riaſan. &c.

* Sympathetic ſorrow.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

19 'S ioma Fear-ſpuinnidh a's Murt-fhear,
Fear-millidh Cuinnidh, a's Cuſmuinn,
Tha d' Dhuthaichſe faidheil * Duiſchill;
Seach aig luchd an Fhēilidh.
Riaſan. &c.

* Sanctuary.

20 Caite bheil Mnāidh tha co'lochdach
'S tha eadar Fālmouth a's Portſmouth?
'S mor an tamailte do'n Dotair
Bhi 'n fochar nam bēiſtean.
Riaſan. &c.

21 B'ainmeil Sodom a's Gomōrah,
Eir ana-cneaſtachd, agus Dō-bheirt,
Ach bu mheanbh an Āiniceachd fheōlar,
Seach an Pōr tha d' ‡ chlēabhſa.
Riaſan. &c.

‡ Aſſociation, connection.

22 † Bhur mor Luchd-adhraidh thā Stoirmeil,
A ni mōrchuis as na h Orgain,
Cha sōr iad Dōmhnach gu Mearrachdas,
'N uair dh'fhalbas 'n luchd-ēiſteachd.
Riaſan. &c.

† Your.

23 'S lionmhor ‡ Deadhan, a's Pears'-Eaglais,
A chiotar Saoth'reach nan Teagaiſg;
Le iota, 's gaorrſachd, nam breiſlich,
Mu eadradh ag ēiridh.
Riaſan. &c.

‡ Dean.

24 A chrūnadh bhur Rag-bheirt thrāilleil,
Dh' fhūdraich ſibh ſagairt, a's Pāpa,
‖ Ath-ūrach' againn, mar b' ābhaiſt;
Ave-Māiri, 's § Eaſb'loid.
Riaſan. &c.

‖ To renew.
§ i. e. *Eaſbulloid*, *viz.* Abſolution.

25 Cha 'n fhior nach Spēiſeil leinn Eolas,
Do-rīreadh tha ſinn ann tōir eir,
Ag ſtrī cō is Moa porſan,
'S gach cōmhdhail ann d' thēid ſinn.
Riaſan. &c.

26 Tha ionnſachadh leinn ro luachar,
'S e prionnſapal gach deadh-bhuaidh e;
G'ar n ionnſaidh gabhaidh, 's bheir uainn e
Gun uabhar, gun * ēiſlein.
Riaſann. &c.

* Grudge.

27 Tha mis' ann am fhia'nuis Mairionn,
Measg nan Ciad dhe' 'n iarmad thairis,
Le 'm bu mhiann bhi 'g iarruidh barrachd,
Gach Bealach a thēid sinn.
Riasan. &c.

28 Ge d' tha mi sann am so chōmhnuidh
Ann sa Ghleann aig Ceann na Mōintich;
Tha mi 'n Geall eir Rann a's Rōsg ann,
San Chōmhradh nach lēugh thu.
Riasan. &c.

29 Na'm bio'dh Clō-bhualadh cho' ulladh
D'ar cōirne, 's tha dhuits' ann Lunduinn;
Bheire' mit fōlum do'n * Chruinne,
A' † ionnas ar ‡ Sēudan.
Riasan. &c.

* Universe.
† Riches.
‡ Jewels.

30 Ge do sciobhadh mit na Ciadan,
Eir na sirinnibh is Ciataich;
Dheanadh tu 'n dīteadh nach b'fhiach iad,
Mar na Fianntaibh thrēubhach.
Riasan. &c.

31 Bi'dh an Fhiann gu mōr na 's alloil,
(Mar is fiach 's is Math an Airidh.)
Cuig Ciad blia'nna 'n dēigh dhuit ‖ faileadh,
Na do Scallais Eisceils'.
Riasan. &c.

‖ To putrify; this is said of a creature that lies dead till its hair is falling off.

32 Dearbhadh lāidir agus fallain;
An Ainm dh'fhāg iad eir am Fearuinn,
Gun tearbadh a ghnā, 's a'mairionn
O'n § Alloid, gun trēigsin.
Riasan, &c.

§ Antiquity.

33 'S beag a chunnaic thu do Ghāidheil,
Chuaidh eir Turas do * Thir-nābaidh,
A thuinich ann fad an lāethean,
'S nach tāirneadh gu 'n † Rēlic.
Riasan. &c.

* Neighbouring country.
† Church yard.

34 Tha sinn cho' Grādhach, 's cho' ēudmhor,
Mu'r naite tāmh, 's ar ‡ reamh-chēumaibh;
'Sa bha Jacob mu Mhachpēlah,
'S e san Eipht' eir chēilidh.
Riasan. &c.

‡ Ancestors, generations that were before us.

35 B' fhiu dhuit an Earoil 'ſan fairebhein,
Bhi ūr a' t aire gun Dearmad;
"Gun ſmuirnein tharruinn a' m' bhalg-ſhuils',
Feadh tha ſpealg a' d' Rēaſp-ſhuil"*.
Riaſan. &c.

36 Nois a Bhrithe tha gun leath-phairt,
Chual' thu nar dithis ar Teiſteas,
Innis O d' Chroidhe, co 's treiſe,
Gun Eiſimeil, 's ēiſdim.
Riaſanaiche mit a chuis,
Ris an Olla thog an † Doirionn,
'S feacha' mit ann ſin Co-dhiu,
Gheibhir ann ſaṇ ēacoir.

---

* The Author is ſorry for the violence he has been obliged to do to the ſacred text here, for metre's ſake.

† *Don-ſhion; Sion dona:* Storm.

ORAN MOLAIDH,

DO

Mr. DOMHNUL MACNEACAIL,

MINISDEIR LIOSMOIR.

ORAN

DO

MR. DOMHNUL MACNEACAIL,

MINISDEIR LIOSMOIR,

Eirſon a ro ſcairtealachd agus a Chothaich e, ann Adhaigh an Olla Lunduinnich.

Eir sēiſd; 'S coma leom Mur d'thig thu idir, &c.
To the Tune of, Sir ALEXANDER M'DONALD's Reel.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

(*a*) Conflicting hero, or champion.
(*b*) Energetic, pithy; high-ſpirited.
(*c*) Handſome, prettily.
(*d*) Flexure, curve, a bend.
(*e*) Curmudgeon, a niggard.
(*f*) Overwhelmed.

(*g*) Sheepfold.
(*h*) Reproach.
[*i*] *Tharr ann;* entered into, or engaged.
[*k*] Suffocated: To ſtop a perſon from ſpeaking, by expoſing his falſehood, &c.
[*l*] Gaper.

TUIRIBH. CHORUS.

'S e Mai'ſdir Dōmhnul MacNeacail,
An (*a*) *Gaiſgeach Cōmhraig thā* (*b*) *feachdmhor,*
Chuir (*c*) *Gaſd' ann ōrda an eachdraidh,*
Thug (*d*) *feachdadh do'n* (*e*) *daormunn.*

1 'NUAIR a bha Albainn (*f*) fui' lighe,
Aig a Chealgaire Mac Iain,
Chuaidh tu gu Calm' ann a tuighim,
'S thug thu rithis Saor i.
Se Mr. Domhnul, &c.

2 Bha na Gāidheil aig Mac Iain,
Mar a bha Saul aig Goliah:
'S tuſa Mar Dhaibhidh 'n deadh Chroighe,
O (*g*) Righe nan Caorach.
'S e Mr. Domhnul, &c.

3 'Nuair bhā ſinn uilc fui' (*h*) Mhaſladh,
Gun Aird ſa Chruinne dol as duinn,
'S tu (*i*) thārr ſa Chumaſg gu Tapaidh,
Agus (*k*) thachd thu 'n (*l*) Craoſair'.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

4 'S ni bhā ſinn uile mar bhalbhain,
No Duin' eir am bio'dh (*a*) Glaſcharbaid,
Gus 'n do chuir thu umad tarmachd,
Ghuineach, Ghailbheach, (*b*) fhaoluimt'.
'S e Mr. Domhnul, &c.

(*a*) Jaw lock.

(*b*) Diſciplined.

5 'Nuair a bheachdaich thu Mu'n cuairt duit,
'S nach deachaidh do thaic re d' Ghualainn,
Chuir thu (*c*) ſpraic ort ris a Chruadal,
'S bhuail thu Steach do'n (*d*) Chaonnaig.
'S e Mr. Domhnul, &c.

(*c*) Terrific countenance.

(*d*) A battle or fight.

6 'S mor ān t ēibhneas bh' orm re fhaicſin,
Gach lēum thug thu eir an t Sas'nach,
A's tu 'g ēiridh eir le d' Chaſan,
Ann an Clais an Aolaich.
'S e Mr. Domhnul, &c.

7 'S mor Maoitheadh nan Cinneach Tuathach
As an (*e*) Saoithean a's an Cruadal;
(Eadar Siol-Chuinn 's an taobh ſhuas diubh.)
Gun ghluaſad a' tabhar.
'S e Mr. Domhnul, &c.

(*e*) Brave or gallant men.

8 Ge d' theirir gu bheil a (*f*) Chēolraidh,
Ann ſna h Eileinibh ann Comhnuidh,
Cha d' rinn iad (*g*) Ceileir, no Oran;
Do Dhōmhnul mo Ghaoilſe.
'S e Mr. Domhnul, &c.

(*f*) The muſes.

(*g*) Recitative.

9 'S mall leam gach (*h*) Filidh 's luchd fōlum;
Feadh Galtachd, Innis, a's Mōrr-thir;
Nach d'rinn rann, no (*i*) grinneas rōſg dhuit;
Chuir ann Clō gu (*k*) Scaoileadh.
'S e Mr. Domhnul, &c.

(*h*) Philoſopher.

(*i*) Finery, elegance.

(*k*) To promulgate or ſpread abroad.

(*l*) To penetrate or affect the mind.

10 Cha Mhoa fhuair iad do Chroighe,
Dol ſan tuaſaid re Mac Iain;
Ge do 's iad a fhuair an (*l*) Ruigheachd,
Le (*m*) Fiothach nan Aoirean.
'S e Mr. Domhnul, &c.

(*m*) Raven.

(*n*) Excellent.

(*o*) Harm, loſs.

(*p*) Trivial loquacity, chatterer.

(*q*) Offence.

(*r*) In conſequence of.

(*s*) That which corrupts or vitiates.

(*t*) Open-mouthed, brawling.

11 Ge d' thā ar Colaiſdean (*n*) Oirdheirc,
Fui' (*o*) dholaidh (*p*) ſcoilim an (*q*) oilbheum;
Cha do chronaich iad na (*r*) lorg ſid,
(*s*) Coirbeach a (*t*) bheoil ſcaoilte.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

12 'S tuſa an t aon Duin' ann an Albainn,
Dhe''n d' rinneadh (*a*) umpair na h (*b*) arguin;
Chuaidh t (*c*) ungadh mar (*d*) radha (*e*) ſean-
'S dhearbh thu gu (*f*) neo-chlaon e. [chaidh,
'S e Mr. Domhnul, &c.

13 Nois O na ſheas thu 'n ar āite,
Tha ſinn a' t (*g*) eiſimeil āraid,
'S mor an eaſbhuidh e 'n ar (*h*) Cāileachd
Mur pāidh ſinn thu tſaothair.
'S e Mr. Domhnul, &c.

14 'S duilich leom gu 'm faod mi īnſe,
Eir (*i*) guinich do Dhaoine (*k*) ſpiochdach,
Tha cur (*l*) cuinnil thaobh do Ghniomhſa
'S aig īnſe gur (*m*) baoth e.
'S e Mr. Domhnul, &c.

15 Ach (*n*) dhainn-deoin a (*o*) mioſguinn (*p*) aſ-
'S mor a' meas th'aig luchd blas eir; [caoin,
'S cha 'n fhag (*q*) luchd-tiolpaidh nan facal
Co' taitneach ſan tſaoghal.
'S e Mr. Domhnul, &c.

16 'S ioma Pears-Eaglais ro ſcairteil,
B' ionunn fan (*r*) dreug leo gu 'm faicte,
Do Leabhar (*s*) Eigſe na 'n (*t*) t aſguidh,
Le 'n gealtachd roi' 'n (*u*) daor-chu*.
'S e Mr. Domhnul, &c.

17 'S tuſa fhuair an barrachd Miſnich,
Cha ghabh thu fuathas, no (*x*) miotag;
Bheir thu uabhar (*y*) Fir na briſc-ghloir,
A chliſgeadh gu (*z*) faoiſid.
'S e Mr. Domhnul, &c.

18 Eir leam fein gur (*a*) breamas (*b*) Cearbach
Do'n Ardſheanadh ſin na H Alba',
Nach d'rinn ni (*c*) Ceinealta thairgſe
'N co' leanmhuin do ſhaoth'reach.
'S e Mr. Domhnul, &c.

(*a*) Umpire.
(*b*) Argument.
(*c*) Anointed.
(*d*) Choice, beſt.
(*e*) Genealogiſt, hiſtorian.
(*f*) Honeſtly, not declining from the right.
(*g*) Under obligation to, owing regard or reverence. Beholden.
(*h*) Conſtitution.
(*i*) Bitter minded, keen antagoniſts.
(*k*) Low-lifed, meanſpirited.
(*l*) Objection.
(*m*) Morally bad.
(*n*) In ſpite of.
(*o*) Malice.
(*p*) Inclement, unſound; harſh.
(*q*) Cavillers; captious diſputants.
(*r*) A meteor ſuppoſed to foretel the death of great men.
(*s*) Science.
(*t*) Repoſitory; cuſtody.
(*u*) *Dobhar-chu*, i. e. King of the otters.
(*x*) Fright.
(*y*) Tatler, or pratler.
(*z*) Confeſſion, *i. e.* to confeſs his demerit.
(*a*) Accident.
(*b*) Abſurd.
(*c*) Genteel.

* This verſe is a ſevere rub upon ſuch of our clergy as did not buy any of Mr. M'N's Remarks.

19 'S ioma gniomh (*a*) ſuarrach (*b*) neo-ſhnaſor,
Tha 'g iomachd mu 'n cuairt (*c*) fui' fhaſga,
Nach ionunn luach re d' Remarkſa
Dh' fhāg ar (*d*) Macaibh aobhach.
'S e Mr. Domhnul, &c.

20 Bi'dh (*e*) beannachd (*f*) coiſrigte ghaidheal,
Leanailt do choiſ-cheum ſgach aite,
Eadar Oiſein a's a Chairdean
'S ar Bardan is Aoſda.
'S e Mr. Domhnul, &c.

21 'S cinteach mi gur (*g*) cliuiteach t (*h*) alla,
Diaidh dhuit a bhi d' ſmur ſan (*i*) Taladh,
Na ſan uine tha thu Mairionn;
Thaobh nach d' 'ainich Daoin' thu.
'S e Mr. Domhnul, &c.

22 Na 'm bio'dh (*k*) *MacCailein* na Ghāidheal,
Mar na h Athraichean o 'n d' thāinig,
B' airidh dh'a Baile, no dhā dhiubh,
Tho'irt re d' lāethean ſaor dhuit.
'S e Mr. Domhnul, &c.

23 Insidh mis' an fhirinu trā dh' a;
Ma leigeas e ſios a Ghāilig,
Bi'dh meas ioſal ann ſna Blāir eir,
Le (*l*) how's a' 's le'n Caoirich.
'S e Mr. Domhnul, &c.

24 Na 'm bio'dh ar Roigh *Deōrſa* na (*m*) ſhuighe,
Mar bu (*n*) deōnach leom a (*o*) ghuighe;
Bheireadh a (*p*) Mhōrrachd dhuit (*q*) luigheachd,
Bu (*r*) chuibhidh dhuit fhaotainn.
'S e Mr. Domhnul.

25 Bheireadh e dhuit cāraid Chiadan,
Fad do lāethean h uile bliadhnna,
Bharrachd eir (*s*) Pārraiſte (*t*) fiacheil,
Bhios tri Chiad na h (*u*) aoradh.
'S e Mr. Domhnul, &c.

26 Righ nach miſe fhuair an Comas,
Duais tho'irt duit eir ſon na (*x*) Comain;
An Ruaig a chur eir an Olla:
'S bu (*y*) ſhomalta (*z*) maoin dhuit.
'S e Mr. Domhnul, &c.

Tranſlation of ſome of the Galic words.

(*a*) Invaluable.
(*b*) Inelegant.
(*c*) Shelter, patronage.
(*d*) The Macs; meaning the Highlanders in general.
(*e*) Benediction.
(*f*) Conſecrated.

(*g*) Famous, renowned.
(*h*) Report. Popular fame.
(*i*) Earth.

(*k*) The Duke of Argyle's moſt ancient Galic name.

(*l*) Alluding to the ſhepherds uſual ſalutation.
(*m*) Settled, free from diſturbance.
(*n*) Willingly, very fain.
(*o*) To wiſh, to imprecate.
(*p*) His Majeſty.
(*q*) Recompenſe, allowance.
(*r*) Due, fit, proper.
(*s*) Pariſh.
(*t*) Valuable, worthy.
(*u*) Adhering, following; peculiar to.
(*x*) Obligation; favour which binds to gratitude.
(*y*) Largely, bulky.
(*z*) Wealth, means.

27 Gabhaidh mi 'n uair so mo chead diot,
'S na bio'dh gruaman ort re m' bheadachd,
Ge d' rinn mi 'n Duanag (*a*) neo-eagnaidh,
Mar Eisempleir (*b*) aotrom.
'S e Mr. Domhnul, &c.

(*a*) Inexact, inaccurate.
(*b*) Light, slight.

CRIOCH.

SOME may censure the AUTHOR, for having given so many uncommon words in his Translation, while he might have easily got more familiar ones. Let such know, that the AUTHOR considered himself as bound in honour to give, at least, some of the most scientifical phrases, when handling a subject wherein Dr. JOHNSON's name is mentioned.